

## Comhairle na Gàidhealtachd

Geàrr-chunntas coinneamh **Comataidh na Gàidhlig** a chumadh ann an Seòmar na Comhairle, Prìomh Oifis na Comhairle, Rathad Ghlinn Urchadain, Inbhir Nis air Diciadain, 4 Sultain 2024 aig 10.30m.

### An làthair:

Mgr R Bremner

Mgr I MacIlleDhuinn

A' Bh-uas I Chaimbeul

A' Bh-uas S Fanet

Mgr I Grafton

Mgr P Logue

Mgr U MacAoidh (air astar)

Mgr D Mac a' Mhuilleir (air astar)

Mgr C Rothach

A' Bh-uas M NicPheadrais (air astar)

Mgr R Stiùbhart

### A' frithealadh na coinneimh:

Mgr P Nevin, Àrd-Oifigear Gnìomhach Eadar-amail, Coileanadh agus Riaghlachas

A' Bh-uas L Walker, Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig

A' Bh-uas M A NicLeòid Mitchell, Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig

A' Bh-uas E Rodgers, Oifigear Poileasaidh Gàidhlig

Mgr R MacAoidh, Oifigear Leasachaidh, Foghlam agus Ionnsachadh

A' Bh-uas J NicDhòmhnaill, Prìomh Oifigear Eadar-theangachaidh

An Dr T Stones, Prìomh Mhanaidsear Stiùiridh, Ionnsachadh agus Leasachadh

Proifeiseanta

A' Bh-uas C Macklin, Ceannard Foghlaim, Ionnsachadh Fhad-bheatha & Sheirbheisean Gàidhlig

A' Bh-uas Angela Stiùbhart, Oifigear Coileanadh Corporra

A' Bh-uas S NicIllinnein, Manaidsear Cho-Sheirbheisean Deamocratach

A' Bh-uas G Nic a' Phearsain, Oifigear Comataidh

### Cuideachd an làthair:

A' Bh-uas F Dalgetty, Àrd-Oifigear, Fèis Rois

**Tha rionnag air iomall na duilleige a' comharrachadh moladh a thèid chun na Comhairle. Tha co-dhùnidhean gun chomharra fo ùghdarras na Comataidh.**

## Mgr C Rothach anns a' Chathair

### Gnothach

#### 1. Gairm a' Chlàir agus Leisgeulan

Ghabhadh leisgeul às leth Mhgr S MhicIlleBhrath.

#### 2. Foillseachaidhean Com-pàirt/Aithris Fhollaiseachd

Cha robh Foillseachaidhean Com-pàirt no Aithrisean Follaiseachd sam bith ann.

### 3. Cumhachdan Fosaidh

**THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** nach robh feum air na cumhachdan fosaidh a chaidh a bhuileachadh aig a' choinneimh air 27 Ògmhios 2024 a thaobh cleachdadh airson Comataidh na Gàidhlig.

### 4. Naidheachdan Matha

**THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dha na naidheachdan matha a chaidh a thaisbeanadh.

### 5. Fèis Rois – Taisbeanadh

Thug Fiona Dalgetty, Àrd-Oifigear Fèis Rois, seachad taisbeanadh.

Thug a' Bh-uas Dalgetty seachad foir-shealladh agus cùl-fhiosrachadh mun bhuidhinn, a' gabhail a-steach com-pàirteachasan, maoineachadh agus cothroman a bhathar a' tabhann do chloinn is dhaoine òga.

Rè na deasbaireachd, rinn Buill moladh air obair na buidhne agus bha iad toilichte cluinntinn gun robh Fèis Rois fhathast a' ruigsinn sluagh eadar-nàiseanta. Mar fhreagairt do cheist mun àm ri teachd, thuir a' Bh-uas Dalgetty gun robh i fhathast dòchasach agus thug i seachad eisimpleirean de ghnìomhan a bha iad air atharrachadh gus freagairt air an àm.

Bha a' Chomataidh ag aithneachadh gun robh fìor dheagh bhuidhne air slàinte is sunnd chloinne is dhaoine òga san sgìre agus bhathar an dòchas gun leanadh an soirbheachas san àm ri teachd.

**THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan taisbeanadh.

### 6. Adhartas mu choinneimh Plana na Gàidhlig 4

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/10/24 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Thug Oifigear Poileasaidh na Gàidhlig seachad cunntas air adhartas agus dh'inns i gum biodh dàta làithreach, agus dàta a bha ri thighinn, fhathast a' stiùireadh phrìomhachasan agus cho-dhùnidhean a thaobh nam builean taobh a-staigh Plana na Gàidhlig (PnG). Dheidheadh dàta a thoirt chun na Comataidh mar a bhiodh e ri fhaotainn.

Bhon Chomataidh mu dheireadh, bhathar air dreachd agus stoidhle PnG taobh a-staigh an t-Siostaim Coileanaidh agus Rianachd Cunnairt (*Performance and Risk Management System* – PRMS) ùrachadh agus bhiodh seo a-nis air a thaisbeanadh mar leabhran brath-ullachaidh, air a dhealbhadh airson 's gum biodh am fiosrachadh nas tarraingiche agus nas fhasa fhaotainn.

Chaidh innse do Bhuill gum faodadh iad coimhead air adhartas a thaobh a' Phlana Ghàidhlig aig àm sam bith le bhith a' dol gu PRMS. Thug Buill taing dhan Oifigear

Coileanaidh Chorpóra airson stiùireadh ceum air cheum a thaisbeanadh dhan Chomataidh.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingeann a leanas a thogail:-

- chaidh fiosrachadh iarraidh agus fhaotainn mun choimeas eadar 2011 is 2022 a thaobh duilleag 4 dhen aithisg;
- chaidh fiosrachadh mionaideach iarraidh a thaobh a bhith a' comharrachadh làrach a dh'fhaodadh a bhith freagarrach airson campas 3–18 ann an Inbhir Nis agus chaidh dearbhadh gun deidheadh fiosrachadh mun sgrùdadh ion-roghnachd a cho-roinn às dèidh coinneamh ro-innleachdail a bha san amharc;
- chaidh fàilte a chur air taic a bhathar a' toirt do phàrantan a thaobh a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig san dachaigh agus chaidh eisimpleir a thoirt seachad mu cho iom-fhillte 's a bha ionnsachadh dà-chànanach. Chaidh fiosrachadh iarraidh agus fhaotainn mu shuidheachaidhean san dachaigh agus an taic a dh'fhaodadh a bhith air a thoirt seachad do phàrantan gus faighinn thairis air dùbhlain sam bith; agus
- bha e cudromach campas 3–18 a chumail ann an co-theacsa le planaichean eile na Comhairle. Bha Plana Tasgaidh na Gàidhealtachd a' coimhead gu sònraichte air an oighreachd sgoile a thaobh nan togalaichean agus chaidh faighneachd ciamar a bha campas 3–18 a' suidhe an lùib Plana Tasgaidh na Gàidhealtachd, a thaobh an sgrùdadh ion-roghnachd agus an comas airson campas eile, Gàidhlig no eile.

**THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR**:-

- i. dhan aithisg; agus
- ii. gur e aithisg eadar-ghluasaid eadar am Plana Gàidhlig làithreach agus am Plana Gàidhlig ùraichte a bhiodh san ath aithisg PRMS cuideachd.

## 7. **Cunntas às Ùr mu Fhoghlam Gàidhlig**

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/11/24 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè na deasbaireachd, thog na Buill na puingeann a leanas:-

- bha a' Ghàidhealtachd air thoiseach air ùghdarrasan ionadail a thaobh na bhathar a' dèanamh gus cànan is cultar na Gàidhlig a chumail suas is a bhrosnachadh ach, a' coimhead air adhart, bha e cudromach gun robh seo air a chumail suas. Bha an aithisg a bha fa chomhair nam Ball a' sealltainn gun robhar a' dèanamh obair chruaidh sa Ghàidhealtachd;
- bha cothrom ann beachdachadh air mar a bha dàta air a chruinneachadh ann an coimhearsnachdan far an robh a' Ghàidhlig maireannach, airson fiosrachadh fhaighinn mu na rudan a dh'fhaodadh obrachadh agus a' chosgais a bha an lùib a bhith a' cumail suas adhartas;
- bha e na adhbhar misneachd a bhith a' faicinn àireamh thidsearan a' gabhail pàirt sna diofar phrògraman agus bhiodh cunntasan cunbhalach mu adhartas leis a sin feumail. Bha e cudromach taic a thoirt do thidsearan agus fiù 's ged nach biodh ach beagan fhaclan Gàidhlig aig Ceannard, bheireadh seo brosnachadh dha na sgoilearan a' Ghàidhlig ionnsachadh;
- bhiodh e feumail sgrùdadh leanmhainn a dhèanamh às dèidh bliadhnaichean sgoile nan sgoilearan a bha air a dhol tro Fhoghlam Gàidhlig, no a bha air a

bhith an lùib ionnsachadh Gàidhlig, gus beachd fhaighinn air na bha iad a-nis a' cur ri saoghal na Gàidhlig san fharsaingeachd;

- ann am buaidhean co-ionannachd na h-aithisg, chaidh moladh gum bu chòir ealla a ghabhail do niùro-iomadachd seach gum biodh cuid de chloinn a' cur feum air dòigh-teagaisg diofraichte a thaobh a bhith ag ionnsachadh cànan; agus
- bha Oideas, prògram a bha air a leasachadh le Comhairle na Gàidhealtachd agus Sabhal Mòr Ostaig, a' solarachadh phod-chraolaidhean far am faodadh proifeiseantaich a bha ag obair ann am Foghlam tron Ghàidhlig meòrachaidhean mun cuid obrach a cho-roinn. Chaidh aithneachadh gun robh seo cudromach.

#### **THUG a' Chomataidh FA-NEAR:-**

- i. do na raointean leasachaidh is adhartais ann am Prìomhachas Ro-innleachdail 4.1 dhen Phlana Ghàidhlig; agus
- ii. do na gnìomhan gus taic a chur ri Ionnsachadh Proifeiseanta nan Tidsèaran Gàidhlig a tha a' cur taic ris na Riatanasan Ro-innleachdail airson Foghlam Gàidhlig.

### **8. Cunntas às Ùr mun Phoileasaidh Dà-chànanach**

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/12/24 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè na deasbaireachd, thog na Buill na puingean a leanas:-

- dh'fheumaiste a bhith faiceallach nuair a bhathar a' cleachdadh AI agus/no eadar-theangachadh air-loidhne. Bha teicneòlas a' dèanamh adhartas ach bha feum fhathast air mac an duine airson dèanamh cinnteach gun robhar a' cleachdadh a' cho-theacsa cheart;
- bha eisimpleirean air a bhith ann nuair nach robh cunnradairan air seirbheis eadar-theangachaidh Gàidhlig na Comhairle a chleachdadh;
- tha an dreachd Poileasaidh air Cleachdadh Shoidhnichean Trafaig Dà-chànanach, a tha Roinn nan Rathaidean is a' Bhun-structair a' leasachadh an-dràsta, a' moladh gun deidheadh soidhnichean dà-chànanach a chleachdadh airson soidhnichean rathaid ùra air fad, ach a-mhàin le ùmhlachd do shuidheachaidhean ainmichte. Bha Sgioba na Gàidhlig a' conaltradh le co-obraichean gus pròiseas measaidh, co-chomhairleachaidh is aontachaidh foirmeil is làidir a chur air dòigh airson dèiligeadh ri suidheachaidhean ainmichte a dheidheadh a mholadh. Chuidicheadh seo gus dèanamh cinnteach nach biodh e ceadaichte dealachadh on phoileasaidh dà-chànanach ach ann am fìor chorra shuidheachadh. Bha Buill dhen bheachd gum bu chòir a' Ghàidhlig a chleachdadh air soidhnichean Gàidhlig air fad agus chaidh ceist a thogail a thaobh ciamar a dh'fhaodadh soidhne dà-chànanach bacadh a chur air sàbhailteachd rathaid agus ciamar a dh'fhaodadh bun-stèidh nas motha a bhith a dhìth. Mura robh ach aon chànan gu bhith air a chleachdadh, 's e a' Ghàidhlig a bu chòir a bhith ann seach gur e sin an cànan dùthchasach; agus
- bhathar tric ag ràdh gun robh a' Ghàidhlig air soidhnichean rathaid a' cosg barrachd ach bha fianais gu leòr ann nach robh na cosgaisean ach beag.

**THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan obair a rinneadh a thaobh a bhith ag ùrachadh poileasaidh dà-chànanach na Comhairle agus dha na h-ath cheumannan a bhathar a' moladh mus deidheadh a sgaoileadh às ùr.

## 9. Co-labhairt na Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/13/24 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè na deasbaireachd, thog na Buill na puingean a leanas:-

- dh'fhaodadh luchd-labhairt na Gàidhlig fulang bho aonaranachd agus bha e cudromach gun robh cothrom aca a' Ghàidhlig a chleachdadh;
- chaidh moladh a dhèanamh air a' bheachd gum biodh mion-chànanan is cultaran eile air an gabhail a-steach sa cho-labhairt;
- bhiodh a' cho-labhairt a' taisbeanadh na Gàidhlig ann an gnìomh agus ann an suidheachadh gnothachais; agus
- ged a bhiodh a' cho-labhairt aghaidh-ri-aghaidh, bu chòir beachdachadh air sruthadh beò no clàradh cuideachd.

Chrìochnaich a' choinneamh aig 1.45f.